

Tha Iain Caimbeul ag innse mun cholaiste, Sabhal Mòr Ostaig.

'S ann an Slèite ann an ceann a deas an Eilein Sgitheanaich a tha Sabhal Mòr Ostaig. Tha Sabhal Mòr aithnichte an-diugh mar cholaiste shoirbheachail a tha a' toirt seachad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha Sabhal Mòr, ainm na colaiste, freagarrach oir chaidh an t-ionad a thogail air làrach seann togalaichean tuathanais.

Chaidh tòiseachadh air obair-togail an t-Sabhail Mhòir ann an 1973. Aig an àm sin, b' e am prìomh amas leabharlann Gàidhlig a chruthachadh. Ach bhathas cuideachd ag iarraidh colaiste foghlam àrd-ìre a thogail ann an coimhearsnachd Ghàidhealach. Le bhith a' coimhead air ais, chithear gun deach na h-amasan seo a choileanadh, agus fada a bharrachd orra sin.

Ann an 1983 bha Sabhal Mòr Ostaig deiseil gus a' chiad chùrsa làn-thìde a thabhann do dh'oileanaich. Anns na h-ochdadan, bha barrachd is barrachd dhaoine a' cur sùim anns a' Ghàidhlig, a' fàgail gun robh ùidh mhòr anns na cothroman a bha Sabhal Mòr a' toirt seachad. Chuir seo gu mòr ri soirbheachadh na colaiste. 'S e rud a bha agus a tha tarraingeach do na h-oileanaich gu bheil àrainneachd Ghàidhlig ri lorg aig Sabhal Mòr Ostaig – rud a tha doirbh a chruthachadh ann an oilthighean traidiseanta na dùthcha.

Bha craoladh, rianachd-ghnìomhachais agus teicneòlas-fiosrachaidh am measg nan cuspairean a bha Sabhal Mòr a' toirt seachad nuair a dh'fhosgladh e an toiseach. Tha na cùrsaichean seo fhathast cudromach san latha an-diugh, ach tha iomadh cuspair eile air a libhrigeadh, mar eisimpleir, ceòl, litreachas, na meadhanan, planadh-cànain, foghlam agus leasachadh eaconamach. Tha na cùrsaichean a tha Sabhal Mòr a' toirt seachad air a bhith air leth cudromach ann a bhith a' trèanadh dhaoine gus am bi na sgilean aca a fhreagras air diofar obraichean ann an saoghal na Gàidhlig.

Tro na bliadhnachan on a dh'fhosgail Sabhal Mòr Ostaig, thathas air a bhith a' cur ri seirbheisean agus goireasan a bheir taic do dh'obair na colaiste agus dha na h-oileanaich a bhios ag ionnsachadh innte. Tha saoghal na Gàidhlig agus sgìrean iomallach na Gàidhealtachd, às a bheil mòran de dh'oileanaich an t-Sabhail Mhòir, glè sgapte. Tha a' cholaiste air a bhith gu math adhartach ann a bhith a' cleachdadh teicneòlas-fiosrachaidh gus cothroman ionnsachaidh aig astar a thoirt seachad.

Tha àrainn na colaiste air leudachadh gu mòr gus freagairt air mar a tha àireamh nan oileanach air èirigh agus air na pròiseactan ùra a tha a-nis stèidhichte innte. Began bhliadhnachan air ais, dh'fhosgladh Àrainn Chaluim Chille far a bheil tuilleadh sheòmraichean-teagaisg agus sheòmraichean-cadail, talla mòr, seòmar-bidh agus leabharlann. Chaidh ionad-cùraim chloinne fhosgladh bho chionn deich bliadhna.

Tha Sabhal Mòr Ostaig air buaidh mhath a thoirt air an sgìre sa bheil e anns na bliadhnachan on a dh'fhosgail e. Aig àm nuair a tha àireamhan dhaoine ann an sgìrean iomallach na Gàidhealtachd a' tuiteam gu mòr, tha àireamh-sluaigh Shlèite air a dhol suas a dhà uimhir. Tha seo air cur ris an àireamh de chloinn a tha sa bhun-sgoil ionadail agus air barrachd obraichean a chruthachadh san sgìre.